


beathá
le
buaidh

Allig feargastam

! ! !

Allig Feargastam




beatha le
buaidh



beatha le
buaidh

SEARCHASTA
LA
C
A
A



Air fhoillseachadh ann an 2004 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riorchdaichte air MRG 2004.

An teacs le Ailig O' Henley.

Na dealbhan le Newsquest (Herald and Times) Ltd agus manutdpics.com.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-07-8



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

AILIG FEARGHASTAN

Toiseach-toiseachaidh

Rugadh Ailig Chapman Fearghastan ann am Baile Ghobhainn, Glaschu, air an 31mh latha den Dùblachd, 1941. B' e Ailig an t-ainm a bha air athair cuideachd agus bha esan pòsta aig Ealasaid. Bha aon bhalach eile san teaghach, Màrtainn, a bha bliadhna na b' òige na Ailig.

Aig an àm sin bha Abhainn Chluaidh trang le obair nan gàrraidhean luinge. Bha athair Ailig ag obair ann am fear dhiubh sin, gàrradh *Fairfields*. Bliadhnaichean às dèidh sin thug Ailig *Fairfields* air an taigh aige fhèin ann am Manchester. Nuair a bha e còig bliadh'n deug chaidh Ailig òg cuideachd a dh'obair air Abhainn Chluaidh. 'S e fear dèanamh innealan no toolmaker a bh' ann.

AILIG FEARGHASTAN

Tha cuid den bheachd gun do chuidich an togail chruaiddh seo Fearghastan gus faighinn air adhart ann am ball-coise.


AILIG FEARGHASTAN

Làithean òige

Chan e cluicheadair ball-coise fìor mhath a bh' ann an Ailig Fearghastan idir. Bha e luath agus cruaidh ach cha robh e uabhasach sgileil. Cha do chuir sin bacadh air ged-tà agus 's dòcha gun tug e air feuchainn nas cruaidhe mar mhanaidsear. An toiseach bha e a' cluiche pàirt-ùine airson sgioba Queen's Park. Bha e an sin dà bhliadhna agus an uair sin chaidh e gu St. Johnstone. Cha deach cùisean ro mhath dha ann am Peairt ged-tà, ach nochd cothrom ùr dha aig deireadh 1963.

Bha St. Johnstone a' siubhal a chluiche Rangers aig Ibrox. Air an latha bha St. Johnstone gann de chluicheadairean agus chaidh iarraidh air Fearghastan cluiche. Chuir Ailig Fearghastan trì tadhail sa ghèam sin agus rinn St. Johnstone a' chùis 3-1.

Conrad na Càrnach AILIG FEARGHASTAN




A ILIG FEARGHASTAN

Cha robh fada gus an tug manaidsear ainmeil eile, Seoc Stein, Fearghastan gu sgioba Dhùn Phàrlain. Chuir e seachad trì bliadhna ann am Fiobha. Thuirt e fhèin a-rithist gur e seo na bliadhnaichean a b' fheàrr a bha aige mar chluicheadair.

Ann an 1967 għluais e chun na sgioba a bha e a' leantail na bhalach, Rangers. Ach gu mì-fhortanach chaidh e gu Ibrox aig droch àm. Cha robh sgioba mhath aca idir agus às dèidh call ri Celtic ann an Cupa na h-Alba 1969, chaidh Fearghastan a chàineadh. Bha faireachdann ann cuideachd gun robh cuid aig Rangers na aghaidh a chionn is gun robh e pòsta aig ban-Chaitligeach. Co-dhiù cha robh fada gus an do għluais e bho Ibrox gu sgioba na h-Eaglaise Brice. Chuir e seachad ceithir bliadhna aig Brockville agus chluich e aon bhliadhna eile aig sgioba Inbhir Adhair ann an 1974.

CAN CONFER TUN CAN A ILIG FEARGHASTAN



A ILIG FEARGHASTAN

Fearghastan am manaidsear

Dìreach mar a rinn e mar chluicheadair, thòisich Fearghastan aig a' bhonn mar mhanaidsear. Bha a' chiad obair aige còmhla ri sgioba Shruighlea an Ear anns an Dara Roinn. Thug e an sgioba air adhart gu math luath agus air taobh a-staigh trì mìosan bha St. Mirren ga iarraidh. Cha robh mòran airgid aig St. Mirren nas mothà, ach ann an 1977 ghlèidh iad a' Chiad Roinn.

Cha robh Fearghastan agus an cathraiche aig St. Mirren, Uilleam Todd, a' faighinn air adhart idir ged-tà. Chaidh iad a-mach air a chèile agus fhuair Fearghastan a' bhròg. B' e seo an aon turas riamh a chaill Fearghastan obair mar mhanaidsear. Glè ghoirid às dèidh sin bha e air a shlighe gu tuath, gu sgioba Obar Dheathain.

Conradh turas A ILIG FEARGHASTAN



A ILIG FEARGHASTAN

Obar Dheathain

Bha Fearghastan a-nis aig sgioba aig nach robh trioblaidean airgid. Bha Obar Dheathain cuideachd comasach air farpais ri Celtic agus Rangers airson nan duaisean mòra. Cha do bhuinnig e dad sa chiad shèasan aig Pittodrie, ach ann an 1980 ghlèidh Obar Dheathain tiotal a' Phrìomh Lìg. Chaidh iad bho neart gu neart agus ann an 1983 thog iad Cupa Eòrpach nan *Cup Winners*. Rinn iad a' chùis air Real Madrid, 2-1, ann an Gothenburg. Bhon uair sin chan eil sgioba Albannach eile air duais Eòrpach a ghleidheadh.

Uile gu lèir bhuinnig Fearghastan naoi duaisean mòra fhad 's a bha e aig Obar Dheathain. Ach ann an 1986 bha e air an sgioba a thoirt cho fad 's a b' urrainn dha. Bha e cuideachd na mhanaidsear air sgioba na h-Alba às dèidh bàs

Con òrcaidh tarrach

A ILIG FEARGHASTAN

Sheoc Stein ann an 1985. 'S e Fearghastan a bha os cionn na sgioba a chaith gu Mexico ann an 1986 airson Cupa na Cruinne. Ach às dèidh tilleadh à Mexico bha e a' coimhead airson obair ùr. Bha sgiobannan leithid Arsenal, Rangers agus Tottenham ga iarraidh, ach 's e Manchester United a thagh e.



A ILIG FEARGHASTAN

Manchester United

Cha robh Manchester United air Prìomh Lìg Shasainn a bhuinnig bho 1967. Aig an àm sin bha Best, Charlton agus Law a' cluiche don sgioba aca. Bha e follaiseach mar sin gum feumadh Fearghastan an Lìg a bhuinnig ann an ùine glè ghoirid.

Cha robh sin furasta ged-tà oir bha sgioba làidir aig Liverpool aig an àm sin. An toiseach cha b' urrainn do Fearghastan làmh an uachdair fhaighinn orra. Bha cùisean cho dona agus gun robh cuid de luchd-leantail United ag iarraidh air falbh. Is dòcha gum biodh sin air tachairt cuideachd mura b' e 's gun do ghlèidh iad gèam cudromach ann an Cupa an FA ann an 1990. Rinn United a' chùis air Nottingham Forest ged-tà agus ghlèidh iad an Cupa am-bliadhna sin.

Thug Fearghastan Cupa Eòrpach nan Cup Winners gu Old Trafford air

14


15

an ath shèasan, ach a-rithist cha do bhuinnig iad an Lìg. Bha faireachdainn ann a-nis nach tigeadh an tiotal gu Old Trafford gus am falbhadh Fearghastan. Ach ann an 1993, sia bliadhna fichead às dèidh dhaibh an Lìg a ghleidheadh mu dheireadh, thog United a' phrìomh dhuais. Mu dheireadh thall bha Fearghastan air an duais mhòr a ghleidheadh.

Às dèidh làmh an uachdair fhaighinn, cha robh United airson a leigeil às. Mar Liverpool anns na 80an b' e United, fo stiùir Fhearghastain, an sgioba a bu làidire tro na 90an. Ann an 1999 bhuinnig iad an Lìg agus Cuach an FA a thuilleadh air Cupa na h-Eòrpa. B' e seo an duais a bha Fearghastan ag iarraidh os cionn a h-uile gin eile. Ann na mionaidean mu dheireadh fhuair Teddy Sheringham agus Ole Gunnar Solskjaer dà thadhal an aghaidh Bayern Munich.

A L I G

FEARGHASTAN



Can you see the...
Can you see the...
Can you see the...

A ILIG FEARGHASTAN

Bha Fearghastan a-nis ainmeil, mar manaidsearan Albannach eile leithid Sir Matt Busby agus Seoc Stein. Bha iadsan cuideachd air Cupa na h-Eòrpa a bhuiinnig. Às dèidh tilleadh dhachaigh thug a' Bhàrnigh dha tiotal ùr. Fhuair e urram Ridire agus 's e Sir Ailig Fearghastan an t-ainm a tha air a-nis.

Thuirt Fearghastan gun robh e airson obair aig Manchester United fhàgail ann an 2002. Ach às dèidh bruidhinn ris an teaghlaich aige ghabh e an obair airson trì bliadhna eile. Bha e airson an Lìg a thoirt air ais bho Arsenal agus rinn e sin ann an 2003. Tha e a-nis a' feuchainn ri Cupa na h-Eòrpa a thogail airson an dara turas. Ged a tha e còrr is 60 bliadhna a dh'aois, tha e fhathast ag iarraidh buinnig.

Conas tu A ILIG FEARGHASTAN

An e Sir Ailig Fearghastan am manaidsear a b' fheàrr a bha riamh ann am Breatainn ma-thà? Uill,'s e deasbad mhòr a tha sin, ach bhiodh mòran taic aig Fearghastan. Cha do bhuiinnig manaidsear eile uiread ris ann an Alba agus ann an Sasainn.

